



Tha an capall-coille fear dhe na h-eòin as iomraiteach aig Alba. Tha bagairtean gu leòr air, ge-tà, mar a leughar san aithris seo le Sue Haysom, Buidheann nan Gnèithean, Dualchas Nàdair na h-Alba

A' Gleidheadh nan giùthsach

Is beathach iongantach a th' anns a' chapall-choille, le dàimh is buntanas làidir do choilltean na h-Alba.

'S e an capall-coille an t-eun-fraoich as motha a th' ann, le mu cheithir chileagram de chuideam san fheadhainn fhìreann – mu mheud eòin-fhrangaich – le mu dhàrna leth de chuideam seo san fheadhainn bhoireann. Mar seo, chan eil e ach iomchaidh gur e an capall-coille a chanas ris.

Is àrainn nan eun seo coilltean àrsaidh, durcaineach agus 's e as fheàrr leotha ach coilltean giùthsach far am faigh iad snàthadan chraobhan-durcain aig deireadh an fhoghair, sa gheamhradh agus tràth as t-earrach. A bharrachd air na snàthadan, ithidh iad lusana eile an còrr dhen bhliadhna. Cha lorgas an capall-coille ann am Breatainn ach ann an Alba a-mhàin. A rèir an sgrùdaidh nàiseanta mu dheireadh a chumadh tha trì cairteal dhiubh ri lorg ann an sgìre Bhàideanaich is Shrath Spè. Rinneadh an obair-sgrùdaidh seo le Comann Rìoghail Dion nan Eun agus Dualchas Nàdair na h-Alba sa gheamhradh 2009/10 agus i a' meas gun robh 1,228 eòin ann. Chaidh am figear seo aithris mar lùghdachadh air an 1,980 a chunnt an 2003/04, ach cha bu chòir mòran sùim a ghabhail san eadar-dhealachadh seo.

Chan eil glè fhada air ais bhon a bhithe a' coimhead air a' chapall-choille mar phlàigh le cuid de choilltearan, le beachd ann gun robh suas ri 20,000 ann sna 1970an. Tha toraidhean nan sgrùdaidhean foirmeil uile air an cumail bho thoiseach nan 1990an air meas àireamh nan capall-coille eadar 1,000 agus 2,000.

Dè is coireach gu bheil cho beag dhiubh ann? Tha diofar bhagairtean air a' chapall-choille. Anns a' chiad dol a-mach, tha atharraichean san ghnàth-shìde air buaidh mhòr a thoirt orra. Tha sinn am bliadhna air a dhol tro gheamhradh cruaidh (geamhradh bho na seann amannan, mar gum bhiodh), le blàths an earraich air thighinn gu math sgiobalta na dhèidh sa Ghiblean. Tha aimsir dhen t-seòrsa seo gu mòr a' freagairt air a' chapall-choille, oir ann an suidheachaidhean mar seo tha fàs mòr, luath a' thighinn air lusana as t-earrach airson beathachadh na feadhna boireann mas tòisich iad a' briodadh. Tha aimsir mar seo car annasach a-nise, ge-tà. Tha an aimsir san Ògmhios cudromach cuideachd, oir faodaidh iseanan bàs fhaighinn ann an aimsir fhluich, fhuair sa chiad thri seachdainean nam beatha.

Tha obair-rannsachaidh a rinneadh bho chionn ghoirid le Urras Glèidhteachais Bheathaichean Seilg is Fiadhaich, Comann Rìoghail Dion nan Eun, Coimisean na Coilltearachd Alba agus Dualchas Nàdair na h-Alba air ùrachadh a dhèanamh air obair-sgrùdaidh a chumadh roimhe a' coimhead ri na diofar bhuidhean air àireamh nan iseanan air am breith. Rinn an rannsachadh dearbhadh gun robh ceangal eadar pàtran na h-aimsir, mar a leughar roimhe, ach cuideachd gun robh àireamh nan iseanan air breith air lùghdachadh thairis air an 18 bliadhna de rannsachadh.

Chaidh an capall-coille a-mach à bith an Alba 1785. Chaidh a thoirt a-steach as ùr 50 bliadhna às dèidh seo le eòin às an t-Suain agus shoirbhich leotha, chan eil ach beagan dhiubh air fhàgail a-nise ge-tà.

Chunnacas gun d' fhuair lorg air ceithir uiread de bhuachar thaghan agus trì uiread de bhuachar mhadadh-ruadh na lorgadh nuair a chumadh an ciad rannsachadh. A' cur na h-aimsir agus nan sealgairean seo còmhla, chunnacas gun robh nas lugha de dh'iseanan ann nuair a bhiodh an Giblean nas blàithe agus ann an coilltean far an robh barrachd thaghan is feannagan.

Chan fhaigh sinn air mòran a dhèanamh ris an aimsir, co-dhiù sa gheàrr-ùine, ach gabhaidh rud a dhèanamh mu choinneamh nan duilgheadasan eile. Gabhaidh mar eisimpleir leasachadh a dhèanamh air na tha ann de dh'àrainnean a tha freagairt air a' chapall-choille; an ire is gu bheil madaidhean-ruadha is feannagan gan sealg; an ire is gu bheil iad a' bualadh ann (agus a' bàsachadh ri linn) feansaichean-fhiadh agus an ire is gu bheileas dragh ga chur orra.

Tha meud agus àireamh nam pròiseactan a chum maith a' bheathaich seo a' sealltainn de cho priseil agus a tha an capall-coille aig muinntir na h-Alba. Tha manaidsearan-fearainn air 11.3 cilemeatair de fheansaichean-fhiadh a thoirt air falbh no chomharrachadh tro Phlana Gnìomh nan Gnè; tha Maoin Gnìomhachais Choimisean na Coilltearachd air dèiligeadh le 220 cilemeatair; le Pròiseact Nàdair EU-life air obrachadh a dhèanamh air 40.6 cilemeatair. Thathas cuideachd air àrainnean ùra a chruthachadh agus cuid de dh'àrainnean eile a leasachadh.

Is cinnteach gun urrainn dhuinne cuideachadh a thoirt don eun mhiorbhaileach seo. Mas tu a tha an urra ri coille ghiùthsach, 's urrainn dhut na dòighean sa bheil thu a làimhseachadh na coille atharrachadh a chum maith nan capall-coille – tha iad seo gu mòr a' freagairt air cinn-ùidhe làimhseachaidh eile le taic cuideachd ri fhaighinn mu choinneamh chosgaisean. Mas toil leat a bhith a' coimhead nan eun, air neo a' coiseachd no a' rothaireachd sna coilltean, thoir an aire nach cur thu dragh orra. Thoir feart cuideachd air stiùireadh no soidhnichean agus cùm do chù air taod goirid air neo fo dlùth-smachd.

Thathas gu minig a' meas a' chapall-choille mar seòrsa de ghnè 'sgàile', a' ciallachadh gun tig leasachadh air mòran ghnè bheathaichean eile mar thoradh air dìon àrainnean nan capall-coille. Ma tha thu a' coimhead ort fhèin mar neach-glèidhidh choilltean, feuch is cuir taic ri cor chapall nan coilltean.

